

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 39 (which corresponds to Litir 343). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

An t-seachdain sa chaidh, bha sinn anns an Tulaich. Tha sin ann an Siorrachd Obair Dheathain. Faisg air an Tulaich tha Mòine Ailtridh. Anns an t-seachdamh linn deug, bha duine ainmeil a' fuireach ann am Mòine Ailtridh. B' esan Dòmhnall Òg MacFhearchair. 'S e saighdear math a bh' ann. Bha e sgileil le claidheamh.

Ann an sia ceud deug is ceathrad (1640), chaidh Dòmhnall a Lunnainn. Bha mòran ann an Lunnainn a' bruidhinn mu Eadailteach. Bha an t-Eadailteach sin a' fuireach anns a' bhaile. Bha e sgileil le claidheamh. Bha e ag ràdh gum b' esan am fear as sgileile air an t-saoghal.

Cha robh muinntir Lunnainn measail air an Eadailteach. Bha e ro àrdanach. Cha robh an rìgh measail air. Bha gràin aig an rìgh air. Bha an t-Eadailteach a' sabaid leis a h-uile duine. Chuir an t-Eadailteach eagal orra. Bha e an-còmhnaidh a' buannachadh. Bha cuid ag ràdh gun robh draoidheachd aige.

Chuala an rìgh mu Dhòmhnall Òg MacFhearchair à Mòine Ailtridh. Fhuair e fios gu robh Dòmhnall ann an Lunnainn. Dh'iarr e air Dòmhnall dhol don lùchairt aige. Chaidh Dòmhnall ann.

Air an rathad don lùchairt, thachair Dòmhnall ris an Eadailteach. Mharbh Dòmhnall fear de na companaich aig an Eadailteach. Bha an t-Eadailteach feargach. Dh'aontaich iad sabaid an ath là. Bha an rìgh toilichte. Gheall e duais don Albannach airson an t-Eadailteach a mharbhadh.

Air an oidhche sin, lorg Dòmhnall fear-frithealaidh an Eadailteach. Fhuair e a-mach gu robh draoidheachd aig an Eadailteach. Nuair a bha claidheamh air a thoirt a-mach às a' bhodhaig aige, bha an lot a' falbh. Cha robh toll sam bith ann. Bha an t-Eadailteach an-còmhnaidh a' buannachadh mar sin.

Thàinig an ath là. Bha an t-Eadailteach agus an t-Albannach a' sabaid. Shàth Dòmhnall Òg an t-Eadailteach le chloidheamh. "Tarraing do chloidheamh a-mach!" thuirt an t-Eadailteach. Ach bha cuimhne aig Dòmhnall air na thuirt am fear-frithealaidh. Dh'fhàg e an claidheamh ann. Thuit an t-Eadailteach marbh.

Thug an rìgh poca òir do Dhòmhnall. Bha sin mar dhuais airson an t-Eadailteach a mharbhadh. Thill Dòmhnall a dh'Alba. Bha cogadh a' dol eadar Muinntir a' Chùmhnaint agus luchd-taic an rìgh. Dhìon Dòmhnall agus Clann 'ic Fhearchair baile Obair Dheathain. Bha sin an aghaidh Muinntir a' Chùmhnaint.

Ach fhuair saighdearan Cùmhnantach grèim air Dòmhnall. Mharbh iad e. Chaidh a thiodhhlacadh ann an Obar Dheathain.

* * * * *

Faclan is abairtean: bha sinn anns an Tulaich: *we were in Tullich*; Siorrachd Obair Dheathain: *Aberdeenshire*; Mòine Ailtridh: *Monaltrie*; b' esan Dòmhnall Òg MacFhearchair: *he was Donald "Òig" Farquharson*; 's e saighdear math a bh' ann: *he was a good soldier*; bha e sgileil le claidheamh: *he was skilful with a sword*; bha mòran ann an Lunnainn a' bruidhinn mu Eadailteach: *many in London were talking about an Italian*; gum b' esan am fear as sgileile air an t-saoghal: *that he was the most skilful man in the world*; measail air: *keen on*; bha e ro àrdanach: *he was too arrogant*; bha gràin aig an rìgh air: *the king hated him*; bha cuid ag ràdh gun robh draoidheachd aige: *some said he possessed magic*; dh'iarr e air Dòmhnall dhol don lùchairt aige: *he asked Donald to go to his palace*; dh'aontaich iad sabaid an ath là: *they agreed to fight the next day*; gheall e duais: *he promised a reward*; fear-frithealaidh an Eadailtich: *the Italian's manservant*; air a thoirt a-mach às a' bhodhaig aige: *extracted from his body*; bha an lot a' falbh: *the wound disappeared [was disappearing]*; bha an t-Eadailteach an-còmhnaidh a' buannachadh: *the Italian was always winning*; shàth: *stabbed*; tarraing do chlaidheamh a-mach!: *pull your sword out!*; bha cuimhne aig Dòmhnall air na thuirt am fear-frithealaidh: *Donald remembered what the manservant said*; bha cogadh a' dol eadar Muinntir a' Chùmhnaint agus luchd-taic an rìgh: *there was a war [going] between the Covenanters and the supporters of the king*; dhìon Dòmhnall agus Clann 'ic Fhearchair baile Obair Dheathain: *Donald and the Farquharsons defended the town of Aberdeen*; fhuair saighdearan Cùmhnantach grèim air Dòmhnall: *Covenanter soldiers got hold of Donald*; chaidh a thiodhhlacadh: *he was buried*.

ends